

# Com-pàirteachas Oileanach

## Student Engagement

**Am Màrt 2024**

Ri fhaighinn ann an cruth mòr (16pt)  
agus gu didseatach.

Fios gu Rùnaire a' Phrionnsapail.

[www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba SC002578.



## Eachdraidh nan Dreachdan

<b>Àireamh Dreachd</b>	<b>Ceann-là atharrachaidh</b>	<b>Geàrr-iomradh air atharrachaidhean</b>
1.0	28/09/2016	Poileasaidh ùr. Aonta CoCo16-03 EMG
2.0	21/03/24	Ùrachadh air a' phoileasaidh KNA
	14/11/24	Aonta BS
	21/02/25	Aonta CoCo

## Ro-ràdh

Tha com-pàirteachadh oileanach agus obair com-pàirteachais aig cridhe gach rud a nì sinn aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha fios againn gum feum sinne èisteachd ribhse, ar n-oileanaich. Tha sibhse nur n-eòlaichean air ur slighe-ionnsachaidh fhèin. Tha Sabhal Mòr Ostaig a' creidsinn gu bheil e na bhuannachd a bhith ag obair gu dlùth le ar n-oileanaich agus ann an com-pàirteachas thar na Colaiste air fad agus gu bheil seo deatamach gus an tèid sàr ìre de dh'ionnsachadh agus beatha oileanaich a choileanadh. Tha Sabhal Mòr Ostaig na Colaiste chom-pàirteach taobh a-staigh Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE).

'S e adhbhar a' phoileasaidh seo ar rùintean a mhìneachadh gus ar n-oileanaich a thoirt a-steach agus cumhachd a thoirt dhaibh anns a' phròiseas a bhith a' leasachadh an cuid ionnsachaidh, air an t-slighe gu bhith nan luchd-ionnsachaidh fèin-riaghlach, neo-eisimeileach. Tha am poileasaidh seo ag amas air siostaman, structairean, pròiseasan agus àrainneachd dheimhinneach iomchaidh a chruthachadh gus taic a thoirt do leasachadh agus leasachadh leantainneach air cultar de dh'àrd-chàileachd com-pàirteachadh oileanach taobh a-staigh àrainneachd foghlaim a tha iom-fhillte, caochlaideach agus aig amannan dùbhlanaich. Is e an t-amas frèam coileanta a sholarachadh anns am bi sinn a' neartachadh ar gnìomhan com-pàirteachaidh oileanach.

Tha dleastanas aig Sabhal Mòr Ostaig a bhith ag obair leis a h-uile oileanach, mar dhaoine fa leth agus/no mar bhuidhnean, gus an cuideachadh le bhith a' leasachadh nan sgilean agus na misneachd airson a bhith an sàs gu gnìomhach ann a bhith a' cur air dòigh an cuid ionnsachaidh agus beatha nan oileanach. Tha na h-oileanaich againn bho gach ceàrnaidh dhan t-saoghal le measgachadh farsaing nam measg agus bu chòir don chom-pàirteachadh againn aithneachadh gu bheil an iomadachd seo a' toirt cothrom do gach neach a tha airson a dhol an sàs sin a dhèanamh ge bith cò às a tha iad, a' toirt aire mhionaideach do na feartan dìonta a tha còmhdaichte le reachdas co-ionannachd, modh agus ìre sgrùdaidh agus cùl-fhiosrachadh sòisio-eaconamach agus cùisean co-cheangailte le aire air a thoirt dha "Leudachadh chothroman".

## Mìneachadh

*'S e th' ann an Com-pàirteachadh Oileanach ach a bhith a' com-pàirteachadh agus a' toirt cumhachd do dh'oileanaich anns na pròiseasan a bhios a' leasachadh chùrsaichean agus dhòighean teagasg, gus biathadh a-steach gu siostaman càileachd na Colaiste an dà chuid dha na h-oileanaich a tha clàraichte leinn agus dha na h-oileanaich a bhitheas san àm ri teachd.'* (Còd Càileachd na RA QAA Caibideil B5, Com-pàirteachadh oileanach).

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' mìneachadh a dleastanas a thaobh leasachadh luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach agus conaltradh oileanach mar a leanas:

**Tha a' Cholaiste dealasach a thaobh bun-bheachd an neach-ionnsachaidh neo-eisimeilich, agus tha sinn a' brosnachadh uallach co-roinnte airson an ionnsachaidh sin, a chuireas ris agus a chumas taic ri beatha agus slighe ionnsachaidh ar n-oileanaich.**

Cruthaichidh sinn faireachdainn de choimhearsnachd agus dealas co-roinnte a thaobh ionnsachadh, leasachadh agus uallach leis na h-oileanaich againn gus am bi iad gam faicinn fhèin nan co-chom-pàirtichean agus nan com-pàirtichean gnìomhach nan ionnsachadh. Bidh sinn gu gnìomhach a' brosnachadh oileanaich gus pàirt a ghabhail anns na modhan gealltanas càileachd is leasachaidh againn gus am bi am beachdan a' toirt barrachd fiosrachaidh do leasachadh is libhrigeadh chùrsaichean.

---

Tìotal:	Com-pàirteachas Oileanach	An urra ri: Ceannard Taic
Dreach/Inbhe:	2.0 Deireannach	Oileanach
Aonta le/Ceann-là:	BS & CoCo 02/2025	Ùghdar: Kathryn NicAoidh
Fhoillseachadh:	02/2025	Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3 bliadhna)
AA009/SMO	3	Sabhal Mòr Ostaig

## Dè nì sinn?

Bithear a' brosnachadh agus a' toirt taic do gach oileanach a bhith an sàs ann an gnìomhan com-pàirteachadh oileanach gus pròiseasan càileachd a leasachadh ann an dòigh agus aig ìre a tha iomchaidh dhaibh.

Brosnaichidh a' Cholaiste raon iomchaidh de gnìomhan Com-pàirteachadh Oileanach gus cultar agus àrainneachd a stèidheachadh far am bi oileanaich air am brosnachadh gus na cothroman a tha rim faighinn a ghabhail.

Cuidichidh siostaman agus pròiseasan càileachd le bhith dèiligeadh ri ais-mholaidhean oileanach an da chuid fa leth agus mar bhuidheann.

Tha a' Cholaiste a' cur fàilte air com-pàirteachas agus ais-mholaidhean oileanach air na cuspairean a leanas:

- Pròiseasan tagraidh is inntigidh
- Inntigeadh, adhartas, dealbhadh phrògraman is curraicealaim, libhrigeadh agus eagrachadh
- Teagasg agus Ionnsachadh
- Pròiseasan measaidh
- Goireasan ionnsachaidh
- Taic agus stiùireadh oileanach
- Gnìomhan agus tachartasan eile a tha buannachdail do mhìneachd nan oileanach tro gach seisean acadaimigeach.
- Roinntean eile air an comharrachadh le buidheann nan oileanach

Thèid raon farsaing de chothroman a chur air dòigh do dh'oileanaich a dhol an sàs leinn gus buaidh a thoirt air an t-slighe ionnsachaidh aca. Dh'fhaodadh seo a bhith taobh a-staigh prògram acadaimigeach an oileanaich fhèin no dh'fhaodadh gum biodh oileanach airson a dhol an sàs ann an iomairtean is gnìomhan na Colaiste san fharsaingeachd. Faodaidh oileanaich a dhol an sàs ann an gnìomhan caran luath, leithid a bhith a' lìonadh suirbhidhean modal oileanach no a' toirt fios air ais don riochdaire clas agad no a bhith an sàs nas doimhne leithid a dhol an sàs ann am pròiseasan càileachd acadaimigeach. Gus dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh oileanach ruigsinneach don a h-uile duine, bidh sinn a' brosnachadh com-pàirt ann an raon farsaing de dhòighean.

Bidh gnìomhan a' toirt a-steach:

- Riochdachadh oileanach air Bòrd Stiùiridh na Colaiste agus comataidhean acadaimigeach eile leithid na Comataidh Càileachd agus an t-Seanaidh.
- Comann nan Oileanach
- Comataidh 'Beatha nan Oileanach'
- Comataidh riochdairean cùrsa/clas
- Guth oileanach thar-cholaistean
- Gnìomhan raon curraicealaim
- Suirbhidhean oileanach air-loidhne
- Clasaichean-teagaisg buidhne
- Buidhnean fòcais
- Sgrùdaidhean modalan oileanach

---

Tìotal:	Com-pàirteachas Oileanach	An urra ri: Ceannard Taic
Dreach/Inbhe:	2.0 Deireannach	Oileanach
Aonta le/Ceann-là:	BS & CoCo 02/2025	Ùghdar: Kathryn NicAoidh
Fhoillseachadh:	02/2025	Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3 bliadhna)
AA009/SMO	4	Sabhal Mòr Ostaig

## Ga chur an gnìomh

Tha e an urra ris a h-uile neach-obrach agus manaidsear a tha an sàs ann an libhrigeadh teagasg, ionnsachadh, measadh agus taic do dh'oileanaich cothroman com-pàirteachaidh oileanach a bhrosnachadh agus adhartachadh air feadh na Colaiste. Bidh Seirbheisean Oileanach, Ionnsachadh is Teagasg/Dearbhadh Càileachd agus Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim a' stiùireadh a' phròiseis, le taic bho luchd-obrach air a bheil uallach airson dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile oileanach mothachail air agus comasach air cothrom fhaighinn air cothroman com-pàirteachaidh oileanach.

Bidh uallach air Sgioba Sheirbheisean nan Oileanach airson Guth nan Oileanach, gnìomhan Chomann nan Oileanach, agus gnìomhan trèanaidh Riochdaire Cùrsa a chur air dòigh.

Bidh fiosrachadh agus cumhachd aig oileanaich a dhol an sàs ann an gnìomhan conaltraidh oileanach tro chonaltradh èifeachdach tro Sheirbheisean Oileanach, Ionnsachadh agus Teagasg/Dearbhadh Càileachd, Stiùiriche an Fhoghlaim agus luchd-obrach an sàs ann an teagasg, measadh agus taic do dh'oileanaich. Am measg nan dòighean-conaltraidh tha Brightspace - arainneachd ionnsachaidh air loidhne na Colaiste, MS Teams, puist-d, cuairt-litir Shabhal Mòr Ostaig 'Sgriobag', Leabhar-làimhe nan Oileanach, Comann nan Oileanach agus riochdairean a' chùrsa.

Thèid trèanadh agus gnìomhan fiosrachaidh iomchaidh a thoirt seachad a tha iomchaidh don ìre de chom-pàirteachadh oileanach airson a h-uile oileanach. Bidh iad sin a' gabhail a-steach coinneamhan inntrigidh, gu seiseanan trèanaidh riochdairean cùrsa/Comann nan Oileanach.

Bidh e an urra ri luchd-teagaisg a bhith an sàs ann an trèanadh agus gnìomhan fiosrachaidh, agus dèanamh cinnteach gum bithear a' brosnachadh oileanaich a dhol an sàs ann an gnìomhan com-pàirteachaidh a tha a' gabhail àite gu h-èifeachdach.

Luchd-obrach agus buidhnean le uallach sònraichte:

- ♣ Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim: Ionnsachadh, Teagasg is Càileachd
- ♣ Stiùiriche an Fhoghlaim
- ♣ Ceannard Taic Oileanach
- ♣ Co-òrdanaiche Sheirbheisean is Com-pàirteachas Oileanach
- ♣ Luchd-teagaisg

## Sgrùdadh, Lèirmheas agus Luachadh

Bidh an t-Iar-Stiùiriche Foghlaim, Ionnsachadh, Teagasg is Càileachd, ann an co-bhonn ri Ceannard Taic nan Oileanach, a' cumail sùil air èifeachdas a' phoileasaidh com-pàirteachas oileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil taic agus fios aig a h-uile oileanach air mar a dh'obraicheas pròiseas càileachd na Colaiste le ais-mholaidhean agus com-pàirteachas nan oileanach ri chèile. Nì Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim agus an Ceannard Taic Oileanach ath-sgrùdadh agus sgrùdadh air èifeachd chothroman Com-pàirt Oileanach tro gach seisean acadaimigeach agus thèid am poileasaidh fhèin ùrachadh gach trì bliadhna.

---

Tìotal:	Com-pàirteachas Oileanach	An urra ri: Ceannard Taic
Dreach/Inbhe:	2.0 Deireannach	Oileanach
Aonta le/Ceann-là:	BS & CoCo 02/2025	Ùghdar: Kathryn NicAoidh
Fhoillseachadh:	02/2025	Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3 bliadhna)
AA009/SMO	5	Sabhal Mòr Ostaig

## Introduction

Student engagement and partnership working is central to everything we do at Sabhal Mòr Ostaig. We know that we must listen to you, our students. You are the expert in your own learning journey. We believe that engaging with you and working in partnership across the College is critical to ensuring the delivery of an outstanding learning and overall student experience. Sabhal Mòr Ostaig is a partner College within the University of the Highlands and Islands (UHI)

The purpose of this policy is to define our intentions to involve and empower our students in the process of shaping their learning experience, in their journey towards becoming autonomous, independent learners. This policy aims to provide appropriate systems, structures, processes and a positive environment to support the enhancement and ongoing development of a high quality student engagement culture within a complex, changing and at times challenging educational environment. The aim is to provide a comprehensive framework within which we enhance our student engagement activities.

Sabhal Mòr Ostaig is committed to working with all students, either as individuals and/or as groups, to help them develop the skills and confidence to be actively involved in the organisation of their own learning and student experience. Our student population is diverse and our engagement should acknowledge this diversity enabling all those who wish to engage to do so regardless of background, paying close attention to the protected characteristics as covered by equalities legislation, mode and level of study and socio economic background and related aspects of widening access.

## Definitions

*'Student Engagement is the involvement and empowerment of students in the process of shaping the student learning experience, to inform the College's quality systems with the purpose of improving the student educational experience for both current and future cohorts.'* (The QAA UK Quality Code Chapter B5, Student Engagement).

Sabhal Mòr Ostaig defines its commitment to the development of independent learners and student engagement as follows:

***The College is committed to the concept of the independent learner, we encourage a shared responsibility for learning which enhances learning and enriches the overall student experience.***

We will create a sense of community and a shared commitment to learning, development and responsibility with our students so that they consider themselves co-partners and active participants in their learning. We will actively engage students to participate in our quality assurance and enhancement procedures so that their views more fully inform course development and delivery.

## What will we do?

All students will be actively encouraged and supported to be involved in student engagement activities to improve quality processes in a manner and at a level that is appropriate to them.

---

Tìotal:	Com-pàirteachas Oileanach	An urra ri: Ceannard Taic
Dreach/Inbhe:	2.0 Deireannach	Oileanach
Aonta le/Ceann-là:	BS & CoCo 02/2025	Ùghdar: Kathryn NicAoidh
Fhoillseachadh:	02/2025	Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3 bliadhna)
AA009/SMO	6	Sabhal Mòr Ostaig

The College will foster an appropriate range of Student Engagement activities to establish a culture and environment where students are encouraged to take up the opportunities on offer.

Quality systems and processes will facilitate the inclusion of individual and collective feedback from students.

Aspects of the educational journey into which we welcome student engagement and feedback include:

- Student representation on the College's Board of Directors and other academic committees such as the Quality Assurance committee **and An Seanadh (The Academic Senate)**
- Application and Admission processes
- Induction, Progression, Programme and curriculum design, Delivery and Organisation
- Teaching and Learning
- Assessment Processes
- Learning resources
- Student support and guidance
- Activities and other events beneficial to student morale throughout each academic session.
- Other areas identified by the student body

A wide range of opportunities will be provided for students to engage with us and to influence their learning experience. This could be within a student's own academic programme or a student might like to get involved with wider College initiatives and activities. Students can get involved in relatively quick activities, such as completing student module surveys or providing feedback to your class representative or more in-depth involvement such as engaging in academic quality processes. To ensure that student engagement is accessible to all we encourage participation in a broad range of ways.

Activities will include:

- Student representation on the College's Board of Directors and other academic committees such as the Quality Assurance committee and An Seanadh (The Academic Senate)
- Student Association (Comann nan Oileanach)
- A 'Student Experience' Committee (Beatha nan Oileanach)
- Course representatives committee
- Cross College Student Voice
- Curriculum area activities
- Online student surveys
- Group tutorials
- Focus Groups
- Student message forums
- Student Module Surveys

---

Tìotal:  
Dreach/Inbhe:  
Aonta le/Ceann-là:  
Fhoillseachadh:

Com-pàirteachas Oileanach  
2.0 Deireannach  
BS & CoCo 02/2025  
02/2025

An urra ri: Ceannard Taic  
Oileanach  
Ùghdar: Kathryn NicAoidh  
Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3  
bliadhna)  
Sabhal Mòr Ostaig

## Implementation

It is the responsibility of all staff and managers involved in the delivery of teaching, learning, assessment and support of students to foster and promote student engagement opportunities across the College. Student Services, Learning and Teaching/Quality Assurance and the Deputy Director of Studies will lead the process, supported by staff who are responsible for ensuring that all students are aware of and able to access student engagement opportunities.

The Student Services Team will be responsible for organising the Student Voice, Student Association activities, and Course Representative training activities.

Students will be informed and empowered to become involved in student engagement activities via effective communication through Student Services, Learning and Teaching/Quality Assurance, Director of Studies and staff involved in teaching, assessing and supporting students. The communication strands include Brightspace - the College's Virtual Learning Environment, Microsoft Teams, e-mail, the Sabhal Mòr Ostaig newsletter Sgriobag, The Student Handbook, Comann nan Oileanach and Course representatives.

Appropriate training and briefing activities will be provided relevant to the level of student engagement for all students. These will range from induction briefings, to course representative/Comann nan Oileanach training sessions.

Teaching staff will be responsible for engaging with training and briefing activities, and to ensure effective dissemination and promotion of student engagement activities provided to students.

### **Staff and groups with specific responsibility:**

- Depute Director of Studies: Learning and Teaching/Quality Assurance
- Director of Studies
- Head of Student Support
- Student Services & Engagement Officer
- Teaching staff

## Monitoring, Review and Evaluation

- The Depute Director of Studies - Learning and Teaching/Quality Assurance, in conjunction with the Head of Student Support, will monitor the effectiveness of the Student Engagement Policy to ensure that all students are supported and informed to provide feedback that is instrumental in Quality processes.
- The Deputy Director of Studies and the Head of Student Support will review and monitor the effectiveness of Student Engagement opportunities throughout each academic session with a full policy review taking place every 3 years.

---

Tìotal:	Com-pàirteachas Oileanach	An urra ri: Ceannard Taic
Dreach/Inbhe:	2.0 Deireannach	Oileanach
Aonta le/Ceann-là:	BS & CoCo 02/2025	Ùghdar: Kathryn NicAoidh
Fhoillseachadh:	02/2025	Ùrachadh/Ceann-là: 2027 (3 bliadhna)
AA009/SMO	8	Sabhal Mòr Ostaig